

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*Each week the **West Highland Free Press** publishes the text for Roddy Maclean's
"Letter to Gaelic Learners" on **BBC Radio nan Gaidheal (103-105 FM)**.*

*The programme is broadcast at 11.50 every Friday morning,
and repeated at 7.30 pm the following Monday.**

Gheall mi dhuibh an t-seachdain 's a chaidh gun toirinn dhuibh facal eile airson meur-craoibhe. Uill seo e – geug. Thuir mi cuideachd gun innsinn dhuibh rann shnog a bhios freagarrach do chloinn, a bharrachd air luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Seo e a-nise, agus cumaibh cluas ri claisneachd airson an fhacail *geug*. 'S e rann-cunntaidh a th'ann, agus tha e a' tòiseachadh le aon agus a' dol suas gu aon-deug.

Aon, dhà, trì
An cat, an cù 's mi fhìn
A' ruith 's a' leum air feadh a' ghàrraidh
Gus am fàs sinn sgith.

Ceithir, còig, sia
Uisg' neo gaoth neo fèath
Togaidh sinne bothan beag
Le clachan agus crèadh.

Seachd, ochd, naoi
Gheibh mi slat is sreang
'S thèid mi dh'iasgach anns an abhainn
Gus an tig an oidhch'.

Deich is a h-aon deug
Chan e facal brèig
Gun do chunnt mi fichead starrag
Is iad nan suidh' air geug.

Bidh sibh a' mothachadh gun tuir mi "a h-aon deug" is chan e "a h-aon deug" mar a bhiodh nàdarrach dhomh. Rinn mi sin gus am biodh e a' deanamh rann le *brèig*. Ach ann an cuid de dh'àiteachan, leithid Earra-Ghaidheal, 's e sin a chanas na daoine gu nàdarrach co-dhiù. Aon-deug, dhà-dheug, tri-deug is mar sin air adhart. Agus an àite "sia", canaidh iad "sè". Airson sia-deug, canaidh iad sè-deug. Ach na gabhaibh dragh. Tuigidh daoine air feadh na Gàidhealtachd thu ma chanas tu "sia-deug".

Chan eil fhios a’ m am bi sibh eòlach air an fhacal *fèath*. Chan eil e uabhasach feumail aig an àm seo dhen bhliadhna! Tha e a’ ciallachadh aimsir chiùin, nuair nach eil gaoth ann. Ma dh’èisteach sibh ri ro-shealladh na h-aimsir, neo na sìde, air na programan-naidheachd air Radio nan Gàidheal, cluinnibh sibh rudan mar – “bidh i na fèath an-diugh”, a’ ciallachadh nach bi gaoth mhòr sam bith ann. ’S truagh nach eil sinn ga chluinntinn nas trice!

Tha mi cinnteach gum bi sibh eòlach, ge-tà, air an fhacal *bothan*. Tha amharas agam gun tàinig e bhon fhacal Beurla *booth* bho thùs mar *both*. Bothan – both beag. Tha e fhathast againn ann an cruth rudeigin eadar-dhealaichte mar *bùth*, ach tha bothan, a-rèir choltais, air a dhol air ais don Bheurla a-rithist mar *bothy*.

Seo an rann a-rithist, beagan nas luaithe an turas seo:

Aon, dhà, trì
An cat, an cù ’s mi fhìn
A’ ruith ’s a’ leum air feadh a’ ghàrraidh
Gus am fàs sinn sgìth.

Ceithir, còig, sia
Uisg’ neo gaoth neo fèath
Togaidh sinne bothan beag
Le clachan agus crèadh.

Seachd, ochd, naoi
Gheibh mi slat is sreang
’S thèid mi dh’iasgach anns an abhainn
Gus an tig an oidhch’.

Deich is a h-aon deug
Chan e facal brèig
Gun do chunnt mi fichead starrag
Is iad nan suidh’ air geug.

An do mhothaich sibh am facal geug, aig an fhìor dheireadh? Agus dè bha oirre? Fichhead starrag. ’S e a th’ann an starrag – eun mòr dubh is glas. Canaidh feadhainn feannag ghlas ris neo *hooded crow* ann am Beurla. Cluinnidh tu “Starrag” mar fhrith-ainm neo far-ainm air daoine ann an cuid de cheàrnaidhean na Gàidhealtachd.

Ach ma tha thu a’ leughadh seann stòiridh neo bàrdachd Ghàidhlig, bithibh faiceallach nuair a thig sibh tarsainn air an fhacal “geug”. A bharrachd air *branch*, tha e, neo bha e, cuideachd a’ ciallachadh “boireannach òg bòidheach”. Is ma tha sibh a’ sgrìobhadh bàrdachd sibh fhèin, thoiribh an aire. Ma sgrìobhas sibh gu robh sibh nur “laighe fo gheugan brèagha” ’s dòcha nach tuig an luchd-leughaidh gu robh sibh dìreach a’ gabhail fois ann an coille air latha samhraidh!

* * *

Faclan na seachdaine: meur-craoibhe,geug: *branch*; rann-cunntaidh: *a counting rhyme*; cruth: *form*; slat: *rod*; sreang: *string*; facal brèig: *a lie (untruth)*; a' mothachadh: *noticing*; fèath: *calm weather*; nas luaithe: *faster*; stòiridh: *story*; faiceallach: *careful*; bàrdachd: *poetry* .

Abairtean na seachdaine: gheall mi...gun toirinn dhuibh: *I promised that I would give you*; a' ruith 's a' leum air feadh a' ghàrraidh: *running and jumping throughout the garden*; gus am fàs sinn sgìth: *until we get tired*; togaidh sinne bothan beag: *we will build a little bothy*; gun do chunnt mi fichead starrag: *that I counted twenty hoodies*; nàdarrach dhomh: *natural for (to) me*; mar sin air adhart: *and so on*; bidh i na fèath an-diugh: *it will be calm today*; 's truagh nach eil sinn ga chluinntinn nas trice: *it's a pity we don't hear it more often*; an do mhothaich sibh X?: *did you notice X?*; aig an fhìor dheireadh: *at the very end*; ann an cuid de cheàrnaidhean na Gàidhealtachd: *in some parts of the Gàidhealtachd*; nuair a thig sibh tarsainn air: *when you come across*; thoiribh an aire: *be careful (look out)*; 's dòcha nach tuig an luchd-leughaidh gu robh sibh dìreach a' gabhail fois ann an coille air latha brèagha samhraidh: *perhaps the readers will not understand that you were just resting in a wood on a beautiful summer's day*.

Puing ghràmair na seachdaine: Is iad nan suidh' air geug: *who were sitting on a branch*. Using agus or is in this manner sometimes allows you to avoid the full verbal form which, in this case, would have been “a bha nan suidh' air geug” and is useful in poetry and other literary forms. Here are some other examples: chunnaic mi dà bhò, agus cuileagan timcheall orra (*I saw two cows which were surrounded by flies*); lorg mi an cat air a' mhòintich, is e fuar is fliuch (*I found the cat on the moor; it was cold and wet*); bha an car air stad, agus e air a ruith a-mach à peatral (*the car had stopped because it had run out of petrol*).

Gnàths-cainnt na seachdaine: cumaibh cluas ri claisneachd: *keep your ears open (lit. keep your ear to hearing)*. Claisneachd means “sense of hearing.” Chaill i a (cuid) claisneachd o chionn ghoirid (*she lost her sense of hearing recently*).

* “*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig